



## Mion-chànain

Tha ceithir cànanan Ceilteach air am bruidhinn an-diugh: Cuimris, Breatannais, Gaeilge agus Gàidhlig. Tha iad uile nam **mion-chànain** nan dùthaich fhèin, ged a tha oidhirpean a' sìor dhol air adhart airson an **ath-bheothachadh**. Tha Cuimris na cànan oifigeil sa Chuimrigh agus tha Gaeilge na cànan oifigeil ann an Èirinn agus san Aonadh Eòrpach. Ann an 2005, chaidh gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) le Pàrlamaid na h-Alba, a thug inbhe oifigeil don chànan agus an aon spèis 's a th' aig a' Bheurla.

'S e Cuimris an aon chànan Ceilteach nach eil ann am fìor chunnart, a rèir UNESCO. Chaidh Còrnais bàs agus tha Gaelg ri uchd bàis, ach tha oidhirp ann an **ath-bheothachadh** an-diugh.

